



# Ted Dearg am falach



An teacsá Geraldine Kaye • Dealbhan Jan Brychta



# Ted Dearg am falach



An teaca Geraldine Kaye  
Dealbhan Jan Brychta  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Bha teadaidh dearg aig Màiri.  
'S e Ted Dearg a bh' aice air.  
Aon là chuir Màiri Ted Dearg air a' bhòrd.



Chunnaic Sam Ted Dearg.  
"Chan eil Màiri an seo an-dràsta," thuirt Sam.  
"Cuiridh mi Ted Dearg suas air an sgeilp."



“A-nis cha lorg Màiri Ted Dearg,” thuir Sam.  
Agus ruith e a-mach dhan ghàrradh.



Bha Màiri ag iarraidh Ted Dearg.  
Ach cha robh e air a' bhòrd.



Chaidh Màiri a-mach dhan ghàrradh.  
“Sam,” thuir Mairi.  
“Dè rinn thu le Ted Dearg?”



“Ha! Ha! Cha lorg thu idir e,”  
thuir Sam.  
“Ged-tà lorgaidh,” thuir Mairi.



Bha Màiri a' coimhead sa h-uile àite.



“Sam,” thuir Màiri.

“Dè rinn thu le Ted Dearg?”


“Chuir mi Ted Dearg air an sgeilp,”  
thuir Sam.



Chunnaic Màiri Ted Dearg.  
Cha robh e idir air an sgeilp.  
Bha e anns an tanc èisg.  
“Dadaidh! An toir sibh Ted Dearg  
a-mach às an tanc?” thuirt Màiri.



Thug Dadaidh Ted Dearg a-mach às an tanc.  
“O! O!” thuirt Màiri.  
“Dè nì sinn?”



“Cuiridh sinn Ted Dearg air an ròp-aodaich,”  
thuirt Dadaidh.

12

Foillsichearan Foghlaim Heinemann  
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND JOHANNESBURG BLANTYRE  
GABORONE IBADAN PORTSMOUTH (NH) USA CHICAGO

© Geraldine Kay 1996

A' chiad fhoillseachadh 1996

99  
10 9 8 7 6 5 4

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

Am foillseachadh seo anns a' Ghàidhlig 2001 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG.  
Na còirichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh an cruth  
sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn  
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn

Clò-bhuailte le Scotprint

LAGE/ISBN 0 86152 751 8